

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson Sgaoileadh sa bhad

Cothroman do Thidsearan Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig air maoinachadh aontachadh mu choinneamh dealbhachaidh cùrsa ùr airson taic a chur ris an iomairt gus an àireamh de luchd-teagaisg a tha a' teagasg tron Ghàidhlig àrdachadh.

Thathar an dùil gun tarraing an cùrsa tidsearan aig a bheil beagan Gàidhlig agus aig a bheil ùidh ann an sgilean cànan a thoirt air adhart gus am bi iad fileanta airson a bhith a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

'S e cùrsa a bhios ann, far am bi tidsearan a' tighinn a-mach às an sgoil a dh'ionnsachadh Gàidhlig mar an obair làitheil. Thathas an-dràsta a' cur fiosrachadh mionaideach ri chèile mun chùrsa agus thathas an dùil gun tèid an obair dealbhachaidh seo a-mach gu tairgse ann an ùine gun a bhith fada.

Tha cùrsaichean goirid a' ruith an-dràsta a bheir taic do thidsearan a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Tha cùrsa Streap ann mar-thà dha tidsearan a tha fileanta agus aig a bheil feum air taic le sgilean litreachais.

Thuirt an Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Sgilean is Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba: "Gus ar dealas a thaobh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd a choileanadh tro fhoghlam, feumaidh an luchd-teagaisg a bhith againn airson sin a dhèanamh. Cuidichidh am prògram ùr seo le trèanadh do dh'àireamh ùr de luchd-teagaisg a bhios comasach air a' Ghàidhlig a thoirt gu ginealach ùr."

Thuirt an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri NicIlleMhaoil: "Bi feum againn air tuilleadh thidsearan sa h-uile raon de FTG gus coileanadh amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig. Tha sinn an dòchas gum bi an cùrsa seo na cheum eile gus na h-àireamhan de thidsearan àrdachadh ann am foghlam tron Ghàidhlig agus tha sinn gu bhith ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Alba, Ùghdarrasan Ionadail, oilthighean agus aitreabhan foghlaim adhartach gus seo a thoirt gu buil. Tha an dà chuid feum agus cothrom air tuilleadh thidsearan Gàidhlig a thrèanadh mu choinneamh an iarrtais bho àireamhan sgoilearan a tha a' sìor mheudachadh, agus tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' toirt aire dhan seo.”

Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd gu bhith a’ dèanamh sanasachd telebhisean am-bliadhna air STV. 'S e seo a’ chiad iomairt de leithid a rinn am Bòrd agus thathas an dòchas gun tog e aire chun na Gàidhlig a thuilleadh air feum a dhèanamh ann an tuilleadh thidsearan a thàladh gu foghlam tron Ghàidhlig. Gabhaidh an sanasachd cruth goirid, agus nochdaidh e air STV ro dheireadh na bliadhna. Bidh am Bòrd cuideachd a’ moladh teagasg mar dhreuchd tro mheadhanan eile mun aon àm.

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh gu 07557 481 081.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate Release

Opportunities for Gaelic Teachers

Bòrd na Gàidhlig are to fund the development of a new Gaelic language immersion course for teachers to increase the amount of teachers able to teach through the medium of the language.

It is hoped that the course will attract teachers who already have some ability in the language, and who are seeking to become fluent so as to enable them to peruse a career teaching through the medium of Gaelic.

The course will enable the secondment of teachers to attend Gaelic lessons and related studies. The development of the course structure will shortly be put out to public tender.

Short courses are already available to teachers that offer language learning support. One such course, Streap offers literacy improvement skills for teachers already competent in the language.

Dr Alasdair Allan, Minister for Skills and Learning, Science and Scottish Languages, said, "In order for fulfil our commitment to a sustainable future for Gaelic through education, we need the teachers to do it. This new programme will help train up a new set of teachers capable of taking Gaelic to a fresh generation."

Head of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig, Mary MacMillan said: "We will need more teachers in every aspect of GME to meet the aims of the National Gaelic Language Plan. This course will be another step forward in increasing the number of Gaelic teachers and we look forward to working closely with the Scottish Government, Local Authorities, Universities and progressive educational establishments to bring this to fruition. There is both a need and an opportunity to train more teachers to meet the demands from the ever increasing numbers of pupils entering Gaelic-medium education. This has been identified as a key strategic priority of the National Gaelic Language Plan."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



This year will also see Bòrd na Gàidhlig advertising the opportunities of Gaelic teaching on STV. This is a first for Bòrd na Gàidhlig and it is hoped that it will raise the profile of the language as well as attracting attention to the career opportunities in Gaelic-medium education. The adverts will be broadcast on STV in December. The adverts will form part of a wider print and social media campaign to highlight the career opportunities.

END

For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07557 481 081.